



National
Qualifications
2021 ASSESSMENT RESOURCE

X831/75/13

**Gaelic (Learners)
Listening Transcript**

Duration — 30 minutes (approx)

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (for example the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



* X 8 3 1 7 5 1 3 *

Instructions to reader(s):

For each item, read the English **once**, then read the Gaelic **three times**, with an interval of 1 minute between the three readings. On completion of the third reading, pause for the length of time indicated in brackets after the item, to allow the candidates to write their answers.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(f)** should be read by a female speaker and those marked **(m)** by a male; those sections marked **(t)** should be read by the teacher.

(t) Item number one

Listen to the radio broadcast about China.

You now have one minute to study the questions for item number one.

(m/f) 'S e dùthaich uabhasach inntinneach a th' ann an Sìona. Tha còrr is billean duine a' fuireach innte agus tha mu chaogad millean neach-turais a' dol a Shìona a h-uile bliadhna.

Bho na seachdadan, tha eaconamaidh na dùthcha air a bhith a' fàs gu mòr. Bidh Sìona a' reic tòrr stuthan leithid teicneòlas eadar-dhealaichte, aodach saor agus càraichean spaideil ri dùthchannan eile air feadh an t-saoghail.

Tha seachdad sa cheud de dhaoine a' bruidhinn Mandarin ann an Sìona. Ann an sgoiltean na h-Alba, tha barrachd sgoilearan ag ionnsachadh a' chàin sin a-nis.

Tha foghlam gu math diofraichte ann an Sìona. A bharrachd air cuspairean sgoile, ma tha thu ag iarraidh a dhol dhan oilthigh ann an Sìona, feumaidh tu deuchainn shònraichte a shuidhe an toiseach.

'S e dùthaich tharraingeach a th' ann an Sìona do luchd-turais. Mar eisimpleir, chì thu togalaichean eachdraidheil agus bailtean tranga. Tha tòrr aibhnichean ann an Sìona ach 's i an Yangtze an tè as fhaide anns an dùthaich.

Siuthadaibh! Carson nach tèid sibh ann?

(2 minutes)

(t) Item number two

Ryan interviews Stephanie about her visit to a Celtic festival in Brittany.

You now have one minute to study the questions for item number two.

- (m)** Hai, Stephanie agus fàilte chun a' phrògram. Ciamar a fhuair thu dhan Bhreatainn Bhig?
- (f)** Fhuair sinn bàt'-aiseig ann an ceann a deas Shasainn agus sheòl sinn a Roscoff anns a' Bhreatainn Bhig. Bha sinn air a' bhàt'-aiseig airson ceithir uairean a thìde gu leth. 'S e baile beag a tha ann an Roscoff ach tha am port glè thrang a h-uile latha. A bharrachd air Breatainn, bidh bàtaichean-aiseig a' dol a Roscoff à Èirinn agus às an Spàinn.
- (m)** Dè rinn thu nuair a bha thu ann?
- (f)** Chaidh mi gu fèis Ceilteach. Bidh an fhèis seo ann a h-uile dà bhliadhna aig toiseach an Lùnastail. 'S e tè de na seann dùthchannan Ceilteach a tha anns a' Bhreatainn Bhig agus mar sin, tha ceangal làidir aice ri na dùthchannan Ceilteach eile: Alba, A' Chuimrigh, Eilean Mhanainn, Èirinn agus A' Chòrn.
- (m)** Cò ris a bha an aimsir coltach?
- (f)** Bha i fliuch air a' chiad latha ach bha i glè chiùin na làithean eile.
- (m)** Dè chunnaic thu aig an fhèis?
- (f)** Chunnaic mi tòrr rudan inntinneach, mar eisimpleir, dannsaichean traidiseanta agus dealbhan-cluiche èibhinn. Aig an fhèis, dh'èist mi ri ceòl traidiseanta às a' Bhreatainn Bhig cuideachd. Bidh iad a' cluich innealan-ciùil leithid an fhìdeag, a' chlàrsach agus an fhidheall dìreach mar a bhios sinn a' cluich ann an Alba.
- (m)** Am faca tu seinneadair no còmhlan-ciùil a chòrd riut gu mòr?
- (f)** Chunnaic mi Denez Prigent. Bha e sgoinneil! Bidh e a' measgachadh seann cheòl agus ceòl ùr. Tha e uabhasach ainmeil anns an Fhraing.
- (m)** An do chòrd an cultar riut?
- (f)** Chòrd e rium gu mòr agus 's e am biadh an rud a b' fheàrr leam. Dh'ith mi biadh blasta a h-uile latha. Aon latha ghabh mi ceapaire le iasg a fhuair iasgair an latha sin.
- (m)** Am bu toigh leat tilleadh dhan Bhreatainn Bhig?
- (f)** Bu toigh oir is toigh leam àiteachan a tha faisg air a' mhuir. Tha costa àlainn anns a' Bhreatainn Bhig agus 's urrainn do dhaoine spòrsan-uisge a dhèanamh an sin.
- (m)** Glè mhath. Tapadh leat airson bruidhinn rium, Stephanie.
- (f)** Tapadh leat.

(2 minutes)

(t) You now have five minutes to look over your answers.

(5 minutes)

(t) End of test.

[END OF TRANSCRIPT]

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE